



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

# Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean 2020 – 2025

---



THE  
**ISLANDS**  
SCOTLAND ACT 2018  
ACHD  
**NAN EILEAN**  
ALBA 2018



# Clàr-innse

<b>Ro-ràdh bhon Mhinistear</b>	<b>3</b>
<b>Facal-toisich</b>	<b>4</b>
<b>Na Luachan agus Amasan Ro-innleachdail Againn</b>	<b>5</b>
<b>COVID-19</b>	<b>8</b>
<b>A' Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean</b>	<b>9</b>
<b>Dàta Is Taisbeanairean</b>	<b>11</b>
<b>Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean</b>	<b>12</b>
<b>A' Tomhas ar cuid Adhartais</b>	<b>13</b>
<b>Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean</b>	<b>14</b>
Amas Ro-innleachdail 1: Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain ann.	14
Amas Ro-innleachdail 2: Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh	16
Amas Ro-innleachdail 3: Gus seirbheisean còmhhdail a leasachadh	19
Amas Ro-innleachdail 4: Gus taigheadas a leasachadh	21
Amas Ro-innleachdail 5: Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh	23
Amas Ro-innleachdail 6: Gus ceangailteachd didseatach a leasachadh	24
Amas Ro-innleachdail 7: Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh	26
Amas Ro-innleachdail 8: Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd	28
Amas Ro-innleachdail 9: Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh	30
Amas Ro-innleachdail 10: Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte	32
Amas Ro-innleachdail 11: Taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan	34
Amas Ro-innleachdail 12: Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile	36
Amas Ro-innleachdail 13: Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach	39
<b>Briathrachas</b>	<b>41</b>

# Ro-ràdh bhon Mhinistear



Tha mi air leth moiteil Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean fhoillseachadh, a chaidh a chruthachadh le beachdan bho luchd-ùidh nan eilean againn agus bho chom-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail. Tha mi fìor thaingeil airson a h-uile rud a tha sibh air cur ris a seo.

Tha foillseachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh seo na chlach-mhìle chudromach ann am buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus brosnachaidh e dòigh-obrach chothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhaltach a thaobh poileasaidh eileanach. Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cur ri leasachaidhean air feadh nan eilean againn, agus tha i a' mìneachadh mar a tha sinn ag amas air na prìomhachasan a libhrigeadh thar beatha Plana Nàiseanta nan Eilean.

Bha dàil air foillseachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh seo air sgàth buaidh COVID-19, oir rinn sinn ath-phrìomhachadh air an fhòcas againn gus dèanamh cinnteach gun robh taic aig na coimhearsnachdan eileanach againn aig toiseach a' ghalair lèir-sgaoilte. Tha a' bhliadhna seo air a bhith dùbhlach dhan a h-uile duine, agus tha COVID-19 air buaidh leantainneach a thoirt air na coimhearsnachdan eileanach againn gu sònraichte. Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn airson cho daingean sa bha iad mar fhreagairt air a' ghalair lèir-sgaoilte agus airson an dealas leantainneach aca gus cur an aghaidh a' bhiorais seo.

Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth le prìomh luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun tèid guthan nan eileanach a chluinntinn gu h-iomlan. Gus dèanamh cinnteach gun tachair seo, bu mhath leam a dhaingneachadh gu bheil am Mapa Slighe seo air a dhealbhadh gus a bhith na sgrìobhainn bheò, a thèid ùrachadh agus atharrachadh gu cunbhalach gus dèiligeadh ri dùbhlain ùra a tha mu choinneamh nan coimhearsnachdan eileanach againn.

Tha obair leasachadh leantainneach air a' Mhapa Slighe Buileachaidh na bunait airson leasachadh leantainneach air feadh nan coimhearsnachdan eileanach againn agus iad a' tighinn am feabhas às dèidh galar sgaoilte COVID-19 - tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gun tachair seo.



**Pòl Wheelhouse BPA**

Ministear Lùths, Comas-ceangail agus nan Eilean

# Facal-toisich

Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cur ri builean nas fheàrr airson nan eilean uile againn, agus tha i na mapa slighe air mar a tha sinn ag amas air na prìomhachasan a libhrigeadh thar beatha Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha i cuideachd a' mìneachadh nan dòighean anns am bi sinn a' measadh adhartais a dh'ionnsaigh nan amasan againn agus tha i a' cur an cèill mar a libhrigeas sinn an obair againn san ùine ghoirid, sa mheadhan ùine agus san ùine fhada.

Tha sinn ag aithneachadh gun urrainn prìomhachasan nan coimhearsnachdan eileanach atharrachadh, gu sònraichte anns na h-amannan mì-chinnteach seo. Tha am-bliadhna air a bhith dùbhlachach dhuinn uile do na coimhearsnachdan eileanach againn air an tug COVID-19 buaidh mhòr a tha fhathast a' leantainn, a' nochdadh so-leòntachdan ùra, ach cuideachd a' nochdadh neartan ùra. Mar sin, chaidh am Mapa Slighe Buileachaidh seo a dhealbhadh mar 'sgrìobhainn bheò' a bhios comasach air freagairt air dùbhlain ùra a thig am bàrr agus a bhith ag atharrachadh a rèir seo. Nuair a leanas obair leasachaidh air a' Mhapa Slighe Buileachaidh, thèid gnìomhan sònraichte a chomharrachadh airson gach buil a thathar ag iarraidh, agus co-obrachaidh sinn le com-pàirtichean iomchaidh air libhrigeadh.

Chan eil am Mapa Slighe a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh fhathast mun tasgadh a bhios a dhìth gus na gealltanasan againn ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a libhrigeadh. Bidh am Plana a' fiosrachadh cosg agus tasgadh Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd mar a tha e air a mhìneachadh anns a' Phrògram Riaghlaidh bhliadhnail, san £30 millean a chaidh a riarachadh tron Phlana Tasgadh Bun-structair agus anns gach ainmeachadh maoinachaidh a tha buntainneach do dh'eileanan.

Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air gach mìos le Riaghaltas na h-Alba agus gach raithe le Buidheann Libhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean. Thèid aithisgean cunbhalach a thoirt do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus bheir sinn aithisg adhartais do Phàrlamaid na h-Alba agus do na com-pàirtichean eileanach againn gach bliadhna fad beatha a' phlana. Thèid làn sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana le Ministearan na h-Alba ro dheireadh nan 5 bliadhna (a rèir earrainn 6(a) de dh'Àchd nan Eilean (Alba) 2018). Bidh an t-ath-sgrùdadh seo làn in-ghabhalach agus air fhiosrachadh le barrachd co-chomhairleachadh le luchd-ùidh buntainneach.

Bidh am fòcas againn air dèanamh cinnteach gu bheil na structaran, na goireasan, na siostaman agus na daoine againn gus dèanamh cinnteach gu bheil comas againn Plana Nàiseanta nan Eilean a tha cothromach, co-fhillte, uaine agus ion-ghabhailta a libhrigeadh.

# Na Luachan agus Amasan Ro-innleachdail Againn

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt stiùireadh do Riaghaltas na h-Alba agus tha e na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brìoghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail againn a chleachdas sinn airson a bhith a' stiùireadh na h-obrach againn sna mìosan is bliadhnaichean ri thighinn:



## Amas Ro-innleachdail 1

Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann



## Amas Ro-innleachdail 2

Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh



## Amas Ro-innleachdail 3

Gus seirbheisean còmhdaile a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 4

Gus taigheadas a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 5

Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh



## Amas Ro-innleachdail 6

Gus ceangailteachd didseatach a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 7

Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 8

Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd



### Amas Ro-innleachdail 9

Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 10

Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte



### Amas Ro-innleachdail 11

Taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan



### Amas Ro-innleachdail 12

Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile



### Amas Ro-innleachdail 13

Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach

## Plana Cothromach, Amalaichte, Uaine agus In-ghabhalach

Tha na ceithir prionnsabalan de chothromachd, co-fhillteachd, dìon àrainneachdail (uaine) agus ion-ghabhaltas a' tighinn bhon cho-chomhairleachadh. Tha am plana stèidhichte orra agus stiùiridh iad Riaghaltas na h-Alba agus ar luchd-ùidhe gus ar n-amas deireannach a ruighinn - airson cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach.

Plana cothromach stèidhichte air sunnd a' strì gum bi coimhearsnachdan nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte air feadh Alba. Cuidichidh an dòigh-obrach còraichean daonna le cunntachalachd nas fheàrr airson a bhith cinnteach gu bheil sinn mothachail air còraichean coimhearsnachdan eileanach, agus gan dìon.

Bidh Plana **co-fhillte** a' brosnachadh sheirbheisean co-cheangailte a tha stèidhichte air dòigh-obrach iomlanach stèidhichte air àite, agus a' togail chuspairean eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail ann an dòigh-obrach cho-fhillte a thaobh poileasaidh eileanach.

Bidh Plana **uaine** a' glacadh nan cothroman a tha a' tighinn le eaconamaidh nas uaine, nas cothromaiche agus sinn ag obair gu ruige crìoch a chur air na tha Alba a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde.

Bidh Plana **ion-ghabhailta** a' brosnachadh fìor chumhachdachadh coimhearsnachd aig ìre ionadail, a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a ruighinn cho faisg 's as urrainn ri far am bi buaidh nan co-dhùnaidhean.

# COVID-19

Tha sinn mothachail gu bheil dùbhlain sònraichte fhathast aig gach coimhearsnachd air feadh nan eileanan Albannach a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri COVID-19 gu leantainneach.

Tha sinn air prìomhachas nan oidhirpean againn ath-shuidheachadh aig an àm doirbh seo gus an taic as fheàrr a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn. Is e ar n-amas dèanamh cinnteach gum bi na h-eileanan againn ag ath-bheothachadh agus a' soirbheachadh a dh'aindeoin a' ghalair lèir-sgaoilte.

Thug seo cothrom dhuinn a bhith a' leasachadh nan dàimhean agus an eòlais againn air feadh nan eilean agus gus tuisge nas fheàrr fhaighinn air buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air Amasan Ro-innleachdail uile Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eileanach air fiosrachadh cha mhòr 'fior-ama' a thoirt dhuinn air prìomh chùisean, mar eisimpleir sèineachan-solarachaidh, iomallachd cruinn-eòlach, slàinte-inntinn, cothrom air seirbheis riatanach agus buaidh air a' ghalar-sgaoilte air eaconamaidh nan eilean.



# A' Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean

Ged a dh'fheumas sinn cumail oirnn a' freagairt air feumalachdan choimhearsnachdan eileanach ri linn galar lèir-sgaoilte COVID-19, agus fhad 's a tha an RA a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich tha sinn a' tuigsinn gum feum sinn cuideachd cumail oirnn a' libhrigeadh nan geallaidhean a thug sinn seachad ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha sinn den bheachd gur e an dòigh as fheàrr air seo a dhèanamh a bhith ag obair gu dlùth le coimhearsnachdan eileanach, leis na co-obrachaidhean againn ann an riaghaltas ionadail, le buidhnean san treas roinn agus le daoine eile le ùidh sna h-eileanan. Nì seo cinnteach gu bheil builean agus ro-innleachdan a' co-thaobhadh ri agus a' togail air obair a tha na buidhnean agus an luchd-ùidh sin a' dèanamh.

Tha sinn cuideachd air cur ris an dàta a chruinnich sinn sa cho-chomhairle mhòir againn air Plana Nàiseanta nan Eilean ann an 2019 le fiosrachadh ùr bhon t-Suirbhidh againn 'Plana Nàiseanta nan Eilean bho Shealladh Covid'. Thug seo cothrom do na co-pàirtichean againn ann an ùghdarrasan ionadail gus na h-Amasan Ro-innleachdail as cudromaiche taobh a-staigh Plana nan Eileanan Nàiseanta a chomharrachadh gus an taic as fheàrr a thoirt do dh'ath-bheothachadh agus ùrachadh nan eilean.

Chuir an dàta seo ri cruthachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh agus 's ann an seo a thòisicheas sinn a thaobh a bhith a' comharrachadh prìomhachasan libhrigidh. Tro cho-obrachadh leantainneach leis na coimhearsnachdan eileanach againn, le co-pàirtichean sna ùghdarrasan ionadail agus le luchd-ùidh eileanach, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh ri planaichean agus ro-innleachdan ionadail gus an taic as fheàrr a chumail ri ath-bheothachadh eileanach uaine.

Chùm sinn sreath de bhùithean-obrach san Fhaoilleach agus tràth sa Ghearran 2021 leis an luchd-ùidh eileanach againn. Thug na bùthan-obrach bhiortail seo cothrom dhuinn an gealltanais againn ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a choileanadh gus sreath de bhùthan-obrach a chumail le coimhearsnachdan eileanach gus beachdachadh air agus aontachadh air na gealltanais sònraichte ceangailte ri gach fear de na h-Amasan Ro-innleachdail anns an Plana.

Chaidh na bùthan-obrach a chomasachadh le cunnradair bhon taobh a-muigh, le taic bho bhall de Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba agus oifigearan poileasaidh a tha gu sònraichte a' dèiligeadh ris na h-Amasan Ro-innleachdail sònraichte air an deach cuimseachadh san t-seisean.

Bha com-pàirtichean a' gabhail a-steach raon farsaing agus riochdachail de bheachdan bho choimhearsnachdan eileanach:

- Chaidh cuireadh a thoirt do 2 com-pàirtiche bho gach roinn ùghdarras ionadail airson gach tè de na 12 bùithean-obrach.
- Bha na cuiridhean a' gabhail a-steach 40 Eileanan agus bha ceanglaichean aig com-pàirtichean ri 13 Chomhairlean Coimhearsnachd, 35 Urrasan Leasachaidh, 24 buidhnean Treas Roinn agus 31 roinnean bho na h-ealainean, gnìomhachas, foghlam, ceòl agus eile.

B' e prìomh amas nam bùithtean-obrach dèanamh cinnteach gu bheil na builean, clàran-ama, an dòigh tomhais agus prìomh sgiobaidhean, buidhnean no com-pàirtichean air an liostadh san dreachd Mapa Slighe Buileachaidh a rèir dùilean na coimhearsnachd. Tro na còmhraidhean chaidh a' phuing a dhèanamh uair is uair gu bheil suidheachadh sònraichte aig gach eilean, agus mar sin nach bi na h-aon ghnìomhan freagarrach anns gach suidheachadh.

Chaidh toraidhean nam bùithean-obrach a chleachdadh anns a' Mhapa Slighe Buileachaidh seo agus thèid an cleachdadh gus barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air an sgrìobhainn, a' gabhail a-steach a bhith ag aontachadh cò na com-pàirtichean a bhios an urra ris na gnìomhan agus a bhith a' cruthachadh gnìomhan sònraichte le clàr-ama buileachaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid Amasan Ro-innleachdail sònraichte a libhrigeadh.

Chan bhi aon bhuidheann no roinn comasach air a h-uile rud a tha sinn ag iarraidh do dh'eileanan na h-Alba fhaighinn. Tha am Mapa Slighe Buileachaidh seo airson a h-uile duine a tha ag obair às leth, no còmhla ri, eileanaich agus thèid mòran de na gnìomhan a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a ghabhail os làimh ann an com-pàirteachas gus cur ri leas gach coimhearsnachd eileanach.

Cuidichidh am Mapa Slighe seo sinn le bhith a' libhrigeadh obair ath-bheothachaidh agus ath-nuadhachaidh sna h-eileanan againn tro bhith a' togail beairteas coimhearsnachd le fòcas air sunnd agus in-ghabhaltas. Bidh an ceangal eadar planaichean ionadail agus am Mapa Slighe ro-chudromach ann an ullachadh agus libhrigeadh seasmhachd sna h-eileanan san àm ri teachd.

Chan eil am Mapa Slighe Buileachaidh na themplaid rag airson a bhith a' libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean, ach tha e a' toirt seachad fiosrachadh air mar a stiùiricheas sinn na gnìomhan againn agus mar a bhios sinn a' cumail sùil air an adhartas againn. Bidh sinn:

1. A' comharrachadh prìomh chom-pàirtichean gus ar cuideachadh le bhith a' toirt air adhart nan Amasan Ro-innleachdail uile.
2. A' comharrachadh nan goireasan a ghabhas stiùireadh a dh'ionnsaigh libhrigeadh gach Amas Ro-innleachdail agus ghnìomhan co-cheangailte.
3. A' clàradh fianais gus dearbhadh gu bheil adhartas air a bhith ann leis gach Amas Ro-innleachdail.
4. A' prìomhachadh ghnìomhan airson a bhith a' freagairt air buaidh COVID-19 agus air beàrn sam bith a thobh gach Amas Ro-innleachdail.
5. A' stèidheachadh bhuidhnean cuspaireil gus ar cuideachadh gus cuid de na gnìomhan sònraichte a libhrigeadh airson an Amas Ro-innleachdail ann an Plana Nàiseanta nan Eilean.

# Dàta Is Taisbeanairean

Gus dèanamh cinnteach gum bi am Mapa Slighe Buileachaidh coileanta agus follaiseach, feuchaidh sinn ri dhèanamh cinnteach gun dèanar poileasaidh agus co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais. Feumar dàta làidir agus earbsach gus seo a dhèanamh

Sheall an eacarsaich cho-chomhairleachaidh a rinneadh gus fiosrachadh a chumail ri ullachadh Plana Nàiseanta nan Eilean gun robh dìth dàta làidir, sòiseo-eaconamach airson gach eilean agus gun robh seo na adhbhar dragh do chom-pàirtichean. Mar thoradh air sin, tha sinn air a' chiad eacarsaich sgòpaidh a dhèanamh a tha air dearbhadh gu bheil beàrnan mòra anns an dàta anns an fharsaingeachd aig ìre nan eilean.

Às aonais slatan-tomhais oibseactach aig ìre nan eilean, feumar tùs dàta eile a chruthachadh a nì tomhas air buaidh agus èifeachdas Plana Nàiseanta nan Eilean ann an dòigh chunbhalach. Mar sin, tha sinn air Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean a bharrantachadh, a leigeas leinn beachdan choimhearsnachdan eileanach a chruinneachadh, air sgèile measaidh, thar nan Amasan Ro-innleachdail uile. Bidh e comasach dhuinn an uair sin dhuinn an t-adhartas againn a mheas fad beatha Plana Nàiseanta nan Eilean.

Chan eil an suirbhidh seo a' dol an àite fiosrachadh stadastaireachd iomchaidh nach eil againn - bu chòir dha cur ris an dàta seo nuair a bhios e ri fhaighinn. Mar thoradh air seo, le bhith a' toirt fa-near dhan uiread de rannsachadh a bhiodh a dhìth gus na beàrnan dàta a chaidh ainmeachadh roimhe a lionadh, bidh dòigh-obrach ceum air cheum againn airson amalachadh dàta aig ìre eileanach, a thèid air adhart thairis air beatha Phlana Nàiseanta nan Eilean.

Thathar a' dèanamh barrachd obair rannsachaidh gus an dàta uile a chruinneachadh a tha a dhìth gus bun-loidhne a chruthachadh airson toraidhean a ghabhas a thomhas. Aig an àm seo, tha sinn a' cruthachadh inneacs rannsachaidh agus buidheann-obrach rannsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta iomchaidh bho na siostaman measaidh againn air a ghlacadh agus gum fiosraich e sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri ar co-obraichean poileasaidh air feadh Riaghaltas na h-Alba, ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh choimhearsnachd eileanach gus staitistig eileanach a tha ann mar-thà a chomharrachadh gus dùblachadh oidhirp neo-riatanach a sheachnadh.

Tha a bhith a' togail seata dàta earbsach ann an roinnean air feadh nan eileanan againn deatamach gus tuigse fhaighinn air na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh choimhearsnachdan, agus tha seo deatamach ann a bhith a' measadh èifeachdas nan ceumannan poileasaidh a rinneadh gu ruige seo gus dèiligeadh ris na dùbhlain sin, a' sealltainn dhuinn far am faodadh eadar-theachdan nas cuimsichte a bhith a dhìth agus a' freagairt air feumalachdan caochlaideach nan choimhearsnachdan eileanach.

# Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean

Gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brioghmhor, adhartach agus seasmhach, feumaidh cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana.

Stèidhichidh sinn Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean airson dèanamh cinnteach gum bi luchd-ùidh agus coimhearsnachdan a' cur ris a' Mhapa Slighe Buileachaidh. Cuiridh a' bhuidheann ùr seo ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus bidh i a' toirt fios mu adhartas do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh. Thathar ag obair air ballrachd agus bun-riaghailtean na Buidhne Lìbhrigidh aig an àm seo. Thathar a' moladh gum bi ballrachd a' toirt còmhla riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach, riaghaltas ionadail, an treas roinn agus an roinn neo-eisimeileach, buidhnean coimhearsnachd, Bòrd na Gàidhlig, COSLA, Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba, acadaimigich iomchaidh (no eòlaichean cuspair) agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba.

Bidh a' Bhuidheann Lìbhrigidh ùr seo a' coinneachadh gach ràithe. Thèid aithisgean bho na coinneamhan sin a bhiathadh a-steach dhan leasachadh leantainneach air a' Mhapa Slighe Buileachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas ga dhèanamh a dh'ionnsaigh libhrigeadh Amasan Ro-innleachdail Plana Nàiseanta nan Eilean.

# A' Tomhas ar cuid Adhartais

Bidh fiosrachadh anns an aithisg bhliadhnail dhan Phàrlamaid mun adhartas a rinneadh tro na gealltanasan a tha air an liostadh fo gach Amas Ro-innleachdail. A bharrachd air seo, cuiridh sinn Dashboard Adhartais Plana Nàiseanta nan Eilean air dòigh a thaisbeanas adhartas a dh'ionnsaigh an dà chuid nan Amasan Ro-innleachdail agus nan geallaidhean againn ann an dòigh ruigsinneach agus follaiseach.

Tha na h-earranan gu h-ìosal co-cheangailte ri Amasan Ro-innleachdail agus tha iad a' cur an cèill:

- Na Builean ris a bheil sinn an dùil bho adhartas leis an Amas Ro-innleachdail.
- An clàr-ama a bhios againn airson nan toraidhean seo a libhrigeadh.
- Tha clàr-ama goirid a' ciallachadh 1 - 2 bliadhna.
- Tha clàr-ama meadhanach a' ciallachadh 2 - 5 bliadhna.
- Tha clàr-ama fada a' ciallachadh nas fhaide na 5 bliadhna.
- An dòigh tomhais a chleachdas sinn gus ar cuid adhartais a mheasadh.
- Tha an t-Amas Ro-innleachdail ceangailte ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta.
- Cò leis a dh'fhaodamaid co-obrachadh gus cur gu h-èifeachdach ri libhrigeadh.

# Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean

Airson gach Amas Ro-innleachdail, comharraichidh sinn clàran-ama, dòighean tomhais agus builean, a bharrachd air na sgiobaidhean, buidhnean no com-pàirtichean ris am faodamaid co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi libhrigeadh èifeachdach. Nuair a leanas obair leasachaidh air a' Mhapa Slighe Buileachaidh, thèid gnìomhan sònraichte a chomharrachadh airson gach buil a thathar ag iarraidh. Thèid dòighean tomhais ùrachadh cuideachd gus prìomh thùsan dàta a chomharrachadh.

## Amas Ro-innleachdail 1: Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain ann.

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
1. Tha fàs sluaigh a' tachairt tro lùghdachadh ann an àireamh nan daoine a tha a' fàgail, àrdachadh anns na h-àireamhan a tha a' tilleadh agus àrdachadh ann an luchd-còmhnaidh maireannach ùr, ag aithneachadh feumalachdan agus dualchas gach eilein fa leth.	1. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Plana gnìomh Àrdachadh Sluaigh</li> <li>Clàr na Croitearachd</li> <li>Plana Leasachaidh Nàiseanta airson Croitearachd</li> <li>Foillseachadh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta 4</li> <li>Stataistearachd bho bhuidhnean acadaimigeach</li> <li>Dàta a' Chunntas-sluaigh</li> <li>Dàta air Sgìrean le Sluagh Beag</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Clann agus daoine òga</li> <li>Coimhearsnachdan</li> <li>Àrainneachd</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Riaghaltas na h-Alba</li> <li>Ùghdarrasan Ionadail</li> <li>Coimhearsnachdan Eileanach*</li> <li>Caidreachas Eileanan na h-Alba</li> <li>Coimisean na Croitearachd</li> <li>Òigridh Alba</li> <li>Pàrlamaid Òigridh Dhùthchail na h-Alba</li> <li>Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean</li> </ul>
2. Gum bi cothromachadh deamografach nas fheàrr aig sluagh nan eileanan uile.	2. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Taisbeanair ann am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta a' tomas na h-àireimh de dh'ùghdarrasan ionadail anns a bheil an sluagh ag atharrachadh: <a href="https://nationalperformance.gov.scot/chart/scotlands-population">https://nationalperformance.gov.scot/chart/scotlands-population</a></li> <li>Dashboard Prògram Àireamh-sluaigh a tha a' tomhas farsaingeachd de thaisbeanair agus slatan-tomhais a thaobh àireamh-sluaigh agus imrich: <a href="https://www.gov.scot/publications/population-programme-dashboard/">https://www.gov.scot/publications/population-programme-dashboard/</a></li> <li>Suirbhidh Beatha Eileanach</li> <li>Dàta/cunntas sluaigh Coimisean na Croitearachd</li> </ul>		
3. Tha Plana Leasachaidh Nàiseanta airson Croitearachd air a chruthachadh, a' brosnachadh leudachadh ann an cleachdadh gnìomhach talamh croite agus/no leudachadh ann an àireamh nan croitean/teanntachdan croite	3. Meadhanach			

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta	Cò
4. Tha Plana gnìomh Àrdachadh Sluaigh ann a tha aithnichte, is ga chur an gnìomh gus taic a chumail ri glèidheadh is fàs an t-sluaigh.	4. Meadhanach			CoHI Colaiste Dhùthchail na h-Alba UHI
5. Tha barrachd bun-structar, chothroman foghlaim is cosnaidh iomchaidh ann gus taic chumail ri fhàs is gleidheadh sluaigh.	5. Meadhanach			Institiud Sheumais Hutton Oilthigh Robert Gordon
6. Tha dòigh-obrach cho-òrdanaichte ann a thaobh planadh airson bun-structar airson sluaigh a tha a' fàs.	6. Meadhanach			Lìonra nan Eileanach Òga Comainn Ionaidh aig bailtean Croitearachd
7. Bheir a' Bhuidheann-ghnìomh Mhinistreal air Àireamh an t-Sluaigh aire do dh'fheumalachdan eileanan na h-Alba.	7. Goirid			NFUS Caidreachas Croitearachd na h-Alba

## Amas Ro-innleachdail 2: Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
1. Gu bheil obraichean gan glèidheadh agus gu bheil cothroman obrach eileanach air leudachadh.	1. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Aithrisean bho ùghdarrasan ionadail iomchaidh</li> <li>Staitistearachd bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean</li> <li>Fios air ais bho BIDS ionadail</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Eaconamaidh</li> <li>Obair is Gnothachas Cothromach</li> </ul>	Riaghaltas na h-Alba
2. Gum bithear daonnan a' beachdachadh air a' Ghàidhlig ann an cùisean co-cheangailte ri leasachadh eaconamach ann an sgìrean le dualchas Gàidhlig.	2. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Staitistearachd cosnaidh</li> <li>Dàta a' Chunntas-sluaigh</li> <li>Aithisg Pròiseict SIPP aig HiTrans</li> <li>Suirbhidhean air an coimiseanadh aig an ìre ionadail</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Coimhearsnachdan</li> <li>Foghlam</li> <li>Cultar</li> <li>Eadar-nàiseanta</li> <li>Bochdainn</li> </ul>	Ùghdarrasan Ionadail Coimhearsnachdan Eileanach* Caidreachas Eileanan na h-Alba HIE SDS
3. Bidh gnìomhachasan cruthachail a' cur ris na h-eileanan gu sòisealta, gu cultarach agus gu h-eadanamach, le taic bho shlighean sgìlean a tha buntainneach dhan cho-theacsa.	3. Meadhanach	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dàta mu bhochdainn</li> <li>Foillseachadh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta 4</li> <li>Aithisg Cion-cosnaidh Roinneil (Suirbhidh Àireamh an t-Sluaigh)</li> <li><b><u>Suirbhidh bliadhnaile de dh'uairean obrach agus de theachd a-steach.</u></b></li> <li><b><u>UK Government Jobs Density data</u></b></li> <li>Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean</li> <li>Dàta luchd-tadhail aig VisitScotland (a' gabhail a-steach dàta ONS bho Riaghaltas na RA agus dàta bho VisitBritain)</li> <li>Dàta bho mheasadh air Ro-innleachd Nàiseanta na Turasachd agus Ro-innleachd na Turasachd Gàidhlig</li> <li>Dàta air iarrtas air aiseagan aig Còmhdhail Alba</li> <li>Plana Libhrigidh Frèama Siubhal Ghnìomhach</li> </ul>		Buidhnean le Maoineachadh Cunbhalach (RFOan) aig Alba Chruthachail



Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta	Cò
4. Tha Turasachd Sheasmhach air a riaghladh agus air a leasachadh gu ciallach, còmhla ri leasachaidhean bun-structair co-rèireach, le nas lugha de dh'èisimeileachd air turasachd ràitheil agus àrdachadh ann an cosnadh fad na bliadhna.	4. Meadhanach			<p>Òigridh Alba</p> <p>Cùisean Mara na h-Alba</p> <p>Coilltearachd na h-Alba</p> <p>Coimisean na Croitearachd</p>
5. Tha draibhearan eaconamach eileanach cudromach a' faighinn taic agus leasachadh èifeachdach (a' gabhail a-steach trèanadh) m.e. gnothaichean mara, àiteachas agus croitearachd, iasgach, turasachd, agus gnìomhachas a' bhìdh is na dighe.	5. Fada			<p>Iomairt na h-Alba</p> <p>Caidreachas Iasgairean na h-Alba</p> <p>VisitScotland</p> <p>Bòrd na Gàidhlig</p> <p>Gnìomhachas na turasachd</p>
6. Mar phrìomh chomasaiche eaconamach, tha seirbheisean còmhdhail gu, bho agus air eileanan air an dìon agus air an adhartachadh tro thasgadh cunbhalach agus leantainneach a' gabhail a-steach tro Phlana Ceangailteachd nan Eilean.	6. Meadhanach			<p>Riaghaltas na h-Alba</p>

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
7. Tha eaconamaidh chearcallach uaine ann a tha air an toradh eaconamach a leasachadh agus aig an aon àm a tha a' cur ri lughdachadh sgaoilidhean agus sgudail.	7. Fada			Buidhnean Rìochdachaidh Leasachadh Sgilean na h-Alba Alba Chruthachail
8. Thathar a' beachdachadh air sgilean, trèanadh agus foghlam airson pròiseactan lùths agus bun-structair ùra a thathar a' leasachadh agus a' libhrigeadh gu h-ionadail.	8. Meadhanach			UHI TSlan Oighreachd a' Chrùin Alba
9. Leudachadh ann an àireamh an luchd-fastaidh eileanach a bhios a' cumail taic ri preantasachdan.	9. Goirid			Coilltearachd agus Fearann Alba
10. Tha preantasachdan mòidealach ùr-ghnàthach air an cruthachadh agus air an libhrigeadh ann an dòighean a thaa rèir beatha agus structaran cosnaidh eileanach.	10. Meadhanach			
11. Leudachadh aithnichte ann an daoine òga a tha a' dèanamh trèanadh airson obair manaidsearachd agus cosnadh maireannach ann an roinn turasachd nan eilean.	11. Goirid			

## Amas Ro-innleachdail 3: Gus seirbheisean còmhdhail a leasachadh

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
1. Meudachadh mòr ann an Siubhal Gnìomhach is Seasmhach a' gabhail a-steach gach seòrsa còmhdhail agus lìonra rathaid gus siubhal gnìomhach sàbhailte a chur an comas.	1. Meadhanach	<ul style="list-style-type: none"> <li>Suirbhidh Dachannan na h-Alba</li> <li>Frèama siubhail ghnìomhach</li> <li>Leudachadh ann an àireamh nan Co-ionadan Siubhal loma-mhodhach anns na h-eileanan</li> <li>Àireamh nan tursan air chois, air cuibhle no air rothair a nithear <i>an àite</i> còmhdhail phrìobaideach.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Coimhearsnachdan</li> <li>Eaconamaidh</li> <li>Àrainneachd</li> <li>Slàinte</li> </ul>	<p>Riaghaltas na h-Alba</p> <p>Ùghdarrasan Ionadail</p> <p>Coimhearsnachdan Eileanach*</p> <p>Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean</p> <p>HITRANS</p> <p>VisitScotland</p> <p>Còmhdhail Alba</p> <p>NHS</p> <p>TSlan</p>
2. Tha lìonra siubhail aonaichte againn a tha a' comasachadh siubhal poblach, gnìomhach, seasmhach agus co-roinnte gu, air agus bho na h-eileanan le àrdachadh ann an clubaichean charbadan dealanach airson siubhal air adhart gu tìr-mòr agus do dh'eileanan agus barrachd siubhal tro charbadan co-roinnte.	2. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leudachadh ann an àireamh nan tursan co-roinnte ann an charbadan</li> <li>Leudachadh ann an àireamh nan tiocaidean co-fhillte a tha air an reic (a' crochadh air tiocaidean aonaichte a bhith rim faighinn)</li> <li>Leudachadh ann am bun-structar airson còmhdhail Gnìomhach agus Seasmhach (slighean-coiseachd, slighean baidhsagail, puingeann teàirrsidh do charbadan dealanach is msaa.)</li> <li>Dàta Comhdhail aig Riaghaltas na h-Alba</li> </ul>		
3. Tha an siostam còmhdhail againn a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach gu ìre nas motha, mar eisimpleir, a' cur aghaidh ris an dùbhlann aig luchd-còmhnaidh eileanach nach eil comasach air siubhal gu agus air ais bho bhailtean-mòra san aon latha mar phàirt den obair aca.	3. Fada	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leudachadh sam bith ann an comas-lìonaidh nam busaichean</li> <li>Modhan bathair seasmhach agus lìbhrigeadh “mile mu dheireadh”.</li> <li>Tomhas poileasaidean LDP ann an sgìrean eileanach a thaobh còmhdhail seasmhach agus gnìomhach</li> <li>Dàta bho Ùghdarras na h-Itealanachd Siobhalta</li> <li>Rannsachadh aig Disability Equality Alba</li> </ul>		

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
4. Gu bheil bun-structar còmhdhail (a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin còmhdhail adhair, aiseig, siubhail, gnìomhach agus seasmhach) freagarrach airson gach pàirt den choimhearsnachd agus do luchd-siubhail.	4. Fada			ZetTrans Community Planning Partnerships Disability Equality Scotland Enable Scotland Inclusion Scotland
5. Gu bheil an lionra còmhdail againn a' toirt seachad co-ionannachd ruigsinneachd agus cothruim.	5. Meadhanach			Society of Chief Officers of Transportation for Scotland (SCOTS)
6. Tha Glusadachd mar Sheirbheis (MaaS), air a leasachadh air feadh nan eileanan, a' toirt seachad fiosrachadh siubhail nas fheàrr agus nas coileanta agus mar sin a' cur ri cleachdadh dhòighean eile airson siubhal agus a' lughdachadh sgaoilidhean carboin gu, air agus bho eileanan.	6. Meadhanach			Road authorities
7. Barrachd obair leasachaidh air seribheisean adhair beag-charboin.	7. Fada			

## Amas Ro-innleachdail 4: Gus taigheadas a leasachadh

Buil	Clàr-ama	Dòigh tomhais	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Cò
